



Clár-imse

- Slannighneas air do Shorsa Naughton
 Brosnachadh do na Gaidheal
 Croft Cultúrúir John Whyte Esq. 1885
 Filidh na m Beann (Mantain Sengul) 1885
 Dain Spioradail Calum Mac Neacail
 Gach Pland Nomes, Rev. Ayn, Macfarlane 1924
 An Beann Beann, Agall D. B. B. B. B. 1884
 Saoridhean Ead. o'ir Bheala
 An Filidh Gaidhealach (Mh. Mh. Mh.) - 1877
 Chi ann thall thu le J. B. Stouhard 1918
 Gach Teat for Schools by H. Cameron Bellis
 Dain Thaghhe (Mackay, Thigh)
 An Garach Beag (Mh.)
 Dain le Dugall Macphail
 Dan air Togar nan Gaidheal
 Oran air Cogadh an Roinn Eorp. Teat. Donnellan
 Marbhran le Leuchlan Cairnbeal Cameron-Sleat

Roderick Mac Cavan

Kiltashly J. C. Mans

Handwritten text, possibly a signature or name, in blue ink.

Handwritten text, possibly a date or number, in blue ink.

National Library of Scotland



B000135884





MARBH-RANN DO
M H R S G R A H A M ,

BEAN MHR GRAHAM, MINISTEIR NA H-EAGLAISE SAOIRE,

Ann an Sgìre Shìleite san Eilean Sgiathanach, Chaochil a bhean urramach so san earrach 1881; agus feudair a radh an a firinn mu deighinn gu robh i uasal a thaobh breith, agus mòr anns an diaghaid.

AIR FONN NA CULAI DH SGIAMHACH.

Bha Lady òg a b-aithne dhomh, sna b-urraimn mi gun dail,
A beusan dheaninn aithris dhuibh gu h'aithghearr ann am dhan,
Oir thugadh bh-uain le 'cabhaig i sann dhachidh leis a bhas,
Dh-fhag sud an duthaich muladach s' cha b-iongatach ged bha.

Cha b-fhada an uine a dh-fhuirich i, san duthaich so gu leir,
Nuair a thainaig anshocair, chuir grisead air a ceum,
Chosg i cuid ri lighichean, is cha d-rinn a h-aon dhiubh feum,
Ach thainig i gu Iosa mun a chrìochnaich i a reis.

S' nuair a thainig i gu Iosa, fhuair i fialaidh e le ghras,
Dheasaich e a lochran, gu comhail thabhairt dha,
Sa dh-easbhuidh sud s-neo chomasach do h-aon a dhol gu brath
An coinneamh bais is siorruidheachd a dh'iadhas oirn gun dail.

S' nuair chunnaic i na h-uisgeachan bha eagal oirre san am,
Gu d' rachadh ise a bhathath ann, s'nach faigheadh i a null,
Ach thainaig an sin Ioshua is sgoilt e dhi na tuinn,
S' nuair fhair i lorg an t-shagairt, chaidh a h-eagalan air chull.

Tha Amhainn Iordan eagalach, gun teagamh dhol na dail,
Gad shaoileas cuid tre aineolas gu n' deid iad null air snamh,
Mar faigh thu aire a choimh-chenghail gu siubhal robhad fein,
S' mar gabh thu greim dheth adhaircean, cha ruig a feasda Neamh.

Bha trioblaid mor is amghar oirr, sa m'bas a tarruing dlu.
Ach thainig an sin Gabriel is rinn e dhi fear-iuil,
A breth gu teann air lambh oirre, ga failteachadh gu ciun,
S' cha b' fhada gus an d' rainig iad an tir a bha na n' run.

Nuair a leum iad bharr na tulaichean bu dorcha dubh an gleann,
 mo thruaigh iad bhios gun solus aca dha n' eiginn dhol ann,
 Tha n' duigh ga chuir cho suarach, s'nach gabh iad dheth mor shuim,
 Ach creididh iad e nuair ud is tnuigidh iad an call.

Bha nis o chaidh i imrich, ni sinn iomradh air a gne,
 Bu bhorionnach ro ionmhuinn agus snilbhir i gn leir,
 Tha b-aithne dhomhsa aonan dhiubh bhi idir annan Sleat,
 Na t-eile a bheireadh barrachd air a bhean aig Mr Graham.

Bu bhoidheach, sgibilt, cuachach i, sa gruaidhean maran ros,
 i sgeudaichte le irisleochd, s' gun idir innte prois,
 Ach aoidheil, geanail, truacanta, ri sluagh bhiodh fo leon,
 i pairteachadh mar dhaodadh i dhoibh aodach agus lon.

' ged fhag i sinne tuirseach dheth, se bha bruite e fein,
 Nuair fhuair e bhuille a rainig e gearradh bhuaidh a cheil,
 Ach fhuair e tomhas fabharach do ghrasan dha da reir,
 s fhuair e neart is slainte gu bhi sealtuin n'deigh an treun.

An duine bochd bu duilich lean, a shnidheachadh san am,
 Bu n' duine a bheireadh comhfhurtachd dha fein na dha na chloinn,
 Ach an ti tha nile-fabharach, tha ghrasan pailt gach nair,
 s feudidh e le lathaireachd an' call a dheanamh suas.

A thaobh na clann a dh'araich i, sa fhag i ann sa gleleann,
 Tha iad mar uain gun mhathair, ann am fasach tioram craing
 Tha bheathaich uisge mharain iad, is cha n' fhas iad leis a chaoidh,
 Ach thig on charraig allainn dhoibh, na chuireas annta sgoinn.

Air thubhairt e gu m-aithir e do dhilleachdain gun mhaoin,
 Creididh mi gu n' comhlion e na thubhairt e dan taobh,
 Ad ni mathair dichuimhne ait ciochran a cuim,
 Aidheadh cha n' fhulaing Iosa, gu siorruidh an cuan a ghaoil.

Gur sona dha na Càraidean fhuair grasau gu bhi beo,
 Tha an taic ri Iosa o Nasaret, s' tha ghrasan dhoibh gu leor,
 Gad bhiodh trioblaid us amghar aca, ga sarach anns an fheoil,
 Aidhith comhfhurtachd is blathas aca, s'iad toilichte le n' lon.

Gur amhluidh sud a thachair e do n' charaid rinn mi luaidh,
 E mo bheachd is chanain e, gu robh iad mar na h-uain,
 Na chualas facal fiadhaich aca, na fiarag riabh le gruaim,
 Mar bhios aig na h-aindiaghaich, nach oil riaghailteach na stuaim.

Ach thug i combhairle dhileas air, s' cha choir dhombh chleith am dhan
 Gu m' bitheadh easan dileas anns a chibeireachd fhuair e,
 A teagasg dha na fireanaibh, nach dibir Iosa a threud,
 Sa chunnartan do'n aingidh, mar a rinn e fhein.

O fiach gu m' bi thu faiceallach, s'nad t-eisemplair do n' treud,
 Sa cumail a cheum thoisich oirre, is iadsan as do dheigh,
 Mar theagaisg an t-ard Bhuachaille dha'n t-sluagh a thagh e fein,
 A leanadhe gu durachdach, a giulan a chroinn-cheus.

Ach mara bi thu curamach, cha bhi na cnisean reidh,
 Cuntaisidh e chostus riut, s'na dh'itheadh leis a bheist,
 Mara bi thu cho dilas, s' bha Iacop ris an trued,
 Nuaira dhuilaing e n' reothadh, agus losgadh ris a ghrein.

Bha t-eile a fuireach lamh rithe, s' bu mhor a' n gradh da cheil,
 Oir is fiosrach mi gu b'athaist dhoibh, bhi n' comann bla a cheil,
 Cha b'ann a tighinn air diomhanas, na brithinn air gach te',
 Ach Uirigleadh mun t-Shlanuighear, dha n' tug an d'anam speis.

S' bithidh iadsan leis an d' ionnmhuin e a g'iomradh air gu brath,
 Sa labhairt tric ri cheile mun eifeachd bha na bhas,
 A dh'fhuasgail iod fo sleibhealachd, sa eidich iod le slaint,
 Rinn Sagartan us righrean dhiubh air oighreachd bhuan na n' gras.

Ach bidheadh ise cuimhnuicheil, air dhi bhi ruith na reis,
 Is teichidh i bho n' chomhnard, s'na sealladh i na deigh,
 Oir is goirid gus an nair anns a m' buain i toradh dheur,
 Sam faigh i stigh don t-shuamhneis, anns am buanaich iad le-cheil.

O righ, nach dean u trocair orm, s'mi deonach bhi riut rcidh,
 Air cumhnanta na coraichean, a dheonaicheas tu fhein,
 Tre n-Iobairt ud a shonraich thu chuir onair air lagh Dhe,
 Tra ghlaodh e tha criochnaichte, sa chrom e sios don eug.

Is duilich leam an cleoc dubh a chomhdaich intinn sluaigh,
 Se cuis is dorra dhomhsa dheth, gu beil mo dhoigh ro thruagh,
 Ach Thi tha uile-throcaireach cum thusa m' imeachd suas,
 Is treoraich mi gu sabhailt don ait a faic mi t-uan.

S' na faighinn stigh don t-suamhnais, rachadh oich bhroin air chul,
 Thormachadh mo Shlanuighear na deoraibh bharr mo shuil,
 Cha chuimhuichinn na h-amgharain tre n' fhasach re mo churs,
 Cha tigeadh teachdair Shatan gam sharuchadh as ur.

Bidhith trioblaidean is buairidhean mu n'cuairt do phobul Dhe,
 S' ga fagail lag le uamhasan, sa toirt an luathas o' n' ceum,
 S' gad shaoileas iad air uaireanan gu m' buadhaich iad san reis,
 Thig dorchadas mu n' cuairt oirre, mar neoil tighin air a ghrein.

Ach beannaicht gu robh an Slanuighear dha n' aithne cās gach aon,
 It tobar anns an fhāsach e, tha fhathast ruith gun traogh,
 S gad nach leir do Hāgar e, san t sarrag traight ri taobh,
 S Ishmael a failigeadh, sin cluinidh iad a ghlaodh.

S bidhidh eagal air a Chrìosduith, s' gu tric aig am a bliais,
 Nuair chuimhnuicheas e n-truallachd thug buaidh air fad a laith
 S' nuair thogas iad an suilean ri Ughdar mor na Slaint,
 Sin teichidh an t-as-creidimbh agus eagalan mar sgail.

Ach bheir mi comhairle dhurachdach, co-dhunadh le mo dhan,
 Cuir thus siol tha fallain annsan d'earroch la na slaint,
 Sa n' uair a thig an Samhradh, an t-am is coir dha fas,
 Bidhith toradh anns an t-fhaoghar air, s' cha chuirear thu gu nair.

Ach mar dean thu ruamhar, gad robh e fuar sa mhairt,
 Mar bi thu tric ma n' cuairt tha, a bristeadh suas na fād,
 A gearradh luitdhean fiadhaich, s'ga spionadh as an lār,
 A fuadachadh na h-eunlaidh, ma n'ith iad ort n' grān.

S' cha n'ann le spionnadh dhorn, ni, thu comhrag anns an bhlar,
 An armachd a tha feolmbor, cha dean i dhutsa sta.
 Thaigh adhaircean na reitheachon, leag Iericho gu lar,
 An claimheadh a bhaig Gideon, s' cha n' eagal dhuit gu brath.

S bidheadh e gu robh fheumail dhuit n' crann-taphail a bhaig Daibhaidh
 Tilgidh tu let tuarmla leis, is bheir u nuas do namhaid,
 Mar muneilean do naimhdibh, sir dhannsaidh tu gu n' dail,
 S bheir thu tuilleadh s' buaidh orra, tre cheannard buan na slaint.

FEARANN A GHEALLAIDH.

AIR FONN EILEAN A' FHRAOICH.

FONN :—A chial nach mise bha fearann mo ghaoil,
 Fearann na mealladh sa bhainne faraon,
 A fearann a ghealladh do h-Abram gu Saor,
 Nuair bha e gun oighre s' gun loinn air a h'aon.

Is truagh nach mise bha glisce gu leor,
 S' nach robh mi mar tha mi namt hraill aig an' fheoil,
 Fuidh bhuaraidhean Shatain gam Sharach gu mor,
 Is mi call mo chuid talainn a cosnadh mo loin.

Gur beannaichte an aireamh fhuair gras gu bhi beo,
 Air creideamh san t-Shlanuighear s' dhasan bidh ghloir.
 Fo rinn e n'tearnadh fon bhas a bha mor,
 S' bho chumhachd a namhaid a bha oirre n' toir.
 A chial nach mise bha fearann mo ghaoil, &c.

Gur beannaichte a' n comhlan a chomhlaicheas shuas,
 Bith pearaicheau s' braithrean a ghradhaich an t' Uan,
 Is cha n' fhaicear gu brath oir le nambhaid a ruaig,
 S' bidh armailte Pharaoh nan tambh sa Mhuir Ruaidh.

Nuair chunnaic an Triath a bha riaghladh na h-oiche,
 Gu robh Carbadan Pharaoh a dol dan air a chloinn,
 Rinn e spraggadh gu laidir gun do fhas iad cho trom,
 S' rinn iad moille ann sa lathaich gus n' thanaig na tuinn.
 A chial nach mise &c.

Bha Miriam is cach le n' cuid Chlarsach gu binn,
 Deanamh ceol air a n' traigh, nuair a rainig iad tir,
 Fo na fhuair iad do fhabhar na shabhail an treud,
 S' cha do fhag iad aig Pharaoh aon laoghar na dheigh.

Nuair thainig iad sabhailt thar a Mhuir Ruaidh,
 Bha aignidhean blath aca an tra sin car nair,
 S' nuair fhagadh dhoibh fein iad, gun eirich iad suas,
 Is rinn iad laogh oir le-n' cnid gorraiche thruadh.

A chial nach mise, &c.

Gur beannaichte an d' aireamh a ghradhaich an t-uan,
 Chaidh a cheannach bhon bhas nuair a phaigh e an luach,
 Agus theid iad gu sabhailt tre n' fhasach le buaidh,
 Dh'aindeoin innleachd Bhalaam is Bhalac le dhuais.

Bha aimhuichean solais an comhnuidh gnu traoghadh,
 A rnith bho na beanntean tre shamhlaichean chaomh,
 Is gach neach leis an d'aill dhiubh a gabhail gu saor,
 Fo na bhuaileadh san fhasach a Charraig le Maois.

A chial nach mise &c.

Bheathaich Maois iad san fhasach le Mana bho Neamh,
 Is cha do theirig am brogan na n' cota da reir,
 Tha sud a teagasg dhomsá mo dhochas gu leir,
 A chur ann an Dia a tha riaghladh air neamh.

A Mhuinntir rinn tair air, cha b' fheird iad e riabh,
 Chaidh a n' claidh anns an fhasach sa fagail da miann,
 Gus na chomhlion e aireamh gach la air son bliadhna,
 Bha Caleb a rannsachadh, ghleann agus Shliabh.

A chial nach mise &c.

Bha Ioshua is Caleb a mhain agus Maois,
 Cur an aghaidh am braithrean nuair a bha iad dol cli,
 Bha an creidimh-san laidir, a mhain anns san ti,
 Thug an gealladh do Abram, nach failigeadh ni.

Thubhairt Caleb ri bhraithrean a mhain mar bu choir,
 Ma tha tlachd aig an Ard-rìgh air tabhairt don chrò,
 Cha bhì Amalcich laidir na Canaanaich beo,
 Nach cuir e fo' ur sailtibh is dhasan bi ghloir.

A chial nach mise &c.

Se am fearann is fearr air na dhealraich a ghrian,
 Cha'n ioghantach ailleachd thoir barr air gach Sliabh,
 Far an d' rugadh air Slannighear phaidhadh na fiach,
 Far an d' fhuilaing e m' bas an am fabhar na'n ciad.

Sa n-uairdh fhuilaing e m' bas an am fabhar a shluaigh,
 Chuir iad ann an lion-anairt briagh e san Uaigh,
 Agus leac air a bial, agus seula ma n' cuairt,
 Ach dhnisg e le mhorachd, is do ghloir chaidh e suas.

A chial nach mise &c.

Bha Muire gu bronach fo leon si fodh thurs,
 Cha b' urainn i fanail sa lebaidh na duisg,
 Si cuimhneachadh an de, nuair a cheusadh a run,
 Sa cheangladh ri crann e le tairnean sle uird.

Rinn i moch-eirigh thrath dol ro chach chon na Uaigh,
 Cha do chaidail i fada sa mhadaln Di-luain,
 Fhuair i sealladh a b' fheaird i gu brath re a cuairt,
 Fhuair i Slanuighfhear beo, s' bha i comhradh ris uair.

A chial nach mise &c.

S' nuair a chunnaic i garnelair aillidh ri taobh,
 Cha do dh' aidhnich i trath gum be Slanuighfhear gaoil,
 Gus an dubhairt e gun dail ri, a Mhairi na caoin,
 Fhreagair ise, oh rabbi, a mhaighstir a ghaoil.

Tha an dan so gle dhlu, tha mi n' duil, air an gne,
 Gum bu daoine gun suilean na Iudhaich iad fhein,
 A rinn tair air an fhearran a bheannaich e fhein,
 Is dhiult iad an Slanuighfhear a thanaig o neamh.

A chial nach mise &c.

Tha n' gne so do nadur san al a tha beo,
 Gun iarraidh iad Barrabas fhathast bhi beo,
 Sam firean a cheusadh sa reubadh na fheoil,
 Sa chur fo throm naire nach b' fheaird e ri bheo.

Nuair a theid iad tre n' fhasach tre amghar is brion,
 Bidhidh Aran Chanaan gu brath dhoibh mar lon,
 S' cha dean e m' fagail fuidh chreachdan is leon,
 Gun toir e sabhailt iad do Shion fadheoidh.

A chial nach mise &c.

Nach bu mhaith a bhi tamh anns an Oighreachd nach gluais,
 Far nach goid Mearlaich s' nach cnambh e le ruaidh,
 S' cha toireadh a Stoirm bhuain air falbh air cuid Chruach,
 S' cha bhi tighean ga rusgadh le dumhlachd is fuachd.

S' gad thuiginn le mo rian, enid do dhiomhaireachd Dhe,
 Mar a toir mi mo ghradh, seadh da. Aintean gu leir,
 Is mar creid mi le Abram san t-Shlanuighear cheusd,
 Sud an Iobairt bhaig Abel ga shabhaladh fhein.

A chial nach mise &c.

Tha mi n' dochas tre ghrasan nach fhàilig mò threoir,
 Gu n' dheid mi gu sabhailt tre fhàsach an fheoir,
 Null do Chanaain do Pharas no gloir,
 Far nach cuimhnich mi n' amghair a chraidh mi san fheoil.

Tha m-intuin cho luaineach ri cuartaig don ghaoith,
 Cha Sochraich i uair, ach a buaireadh mo shith,
 Tha n' ceo so ma n' cuairt dhomh snach leir dhomh an tir.
 Aig a mheud sa tha thruaillidhachd fuaighte rium fhin.

A chial nach mise &c.

Tha corp so a pheacaidh na eallach cho trom,
 Is nach fh'urainn mi thairaing, na idir thoirt leam,
 Tha aomadh gu fantainn na chodal san fheoil,
 Gun chuimhne air an latha san crath an Roinn-corpa.

Cha teid e thar Iordan ri bheo air son duais,
 Gus an duisgear na Sloigh tha n' comhnuidh san Uaigh,
 Is n' seidar an trompaid le ordugh an Uain,
 Sa thig Ainglibh na gloire gar comhlachadh shuas.

A chial nach mise &c.

S' bheirinn comhairle le durachd air duich mo ghraidh,
 Far na fhag mi mo cheile s' mo theaghlach a fas,
 Iad a philtinn ri Iosa, mu n' ciar oirre an lath,
 Mum fuasglear an corde, sgu n' comhlaich iad bas.

Is gad nach eil mi nam bhard s' gad nach buil leam a seol,
 S' chan iarrainn gu brath bhi air aireamh an t' sheors,
 Ach nam b'urainn mi Ghailig, seadh canain mo bheoil,
 Chuir sios leis a phean, churainn caint air a chor.

A chial nach mise bha fearann mo ghaoil,
 A fearann na mealladh sa bhaine faraon,
 A fearann a ghealladh do dh' Abram gu saor,
 Nuair bha e gun Oighre sgun loiun air a h-aon.



X

